

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Rathad Daingnichte le Lagh

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,286. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 982 corresponds to Litir 1,286. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Halò a-rithist, a chàirdean. Tha ceist agam dhuibh aig toiseach na Litreach an-diugh. Càite air a' Ghàidhealtachd am faicear soidhne ann an Gàidhlig a-mhàin a tha a' dearbhadh chòraichean nan Gàidheal rathad a chleachdadh? Tha mi a' ciallachadh le sin 'còraichean laghail'.

Mus toir mi am fuasgladh dhuibh, tha mi airson 's gun tuig sibh dè tha mi a' ciallachadh le 'rathad-ciste'. Tha 'ciste-laighe' a' ciallachadh '*coffin*'. Tha rathad-ciste a' ciallachadh '*coffin road*'. 'S e sin slighe a ghabhadh na daoine eadar am baile aca agus an cladh.

Bha mi a' coiseachd air fear, agus tha sanas ann aig aon cheann dheth. Tha e ag innse dhuinn gur e 'Rathad na Ciste' an t-ainm air an rathad. Ainm Gàidhlig. Tha an rathad an ìre mhath cho dìreach ri saighead, a' dol eadar abhainn agus cladh. No bha, aig aon àm. 'S e an abhainn Uisge Spè, agus 's e am baile Baile Ùr an t-Slèibh.

Anns an t-seann aimsir, nuair a bhiodh daoine ann am bailtean beaga mar Noid agus Ràth Liath a' bàsachadh, bha an cuirp air an toirt tarsainn Uisge Spè ann an coit. Bhiodh iad an uair sin air an giùlan air Rathad na Ciste gu ruige Cladh Bhrìghde – am fìor sheann chladh ann am Beannchar. Bha Baile Ùr an t-Slèibh air a thogail gu sear air a' chladh tràth anns an naoidheamh linn deug.

Bha daoine a' cleachdadh an rathaid gun duilgheadas fad nan ceudan. Tha a' chiad mhapa sia-òirlich aig an t-Suirbhìdh Òrdanais a' sealltainn rathad dìreach gu Cladh Bhrìghde. Bha am mapa sin air a rannsachadh ann an ochd ceud deug is seachdad (1870).

Dìreach sia bliadhna an dèidh sin, ge-tà, dh'atharraich cùisean. Bha an rathad a' dol tro fhearann a bha le uachdaran agus air a ruith mar thuathanas. Agus thog an t-uachdaran agus an tuathanach sabhal dìreach far an robh an rathad, goirid don chladh. Dhùin sin an rathad don chladh agus bha daoine gu math mì-thoilichte. Thug iad a' chùis gu Cùirt an t-Seisein ann an Dùn Èideann. Fhuair iad taic bho neach-lagh ainmeil a bhuineadh do Bhàideanach – Peter Cattanach.

Anns a' chùirt chaidh innse don uachdaran gun robh aige ri rathad eile a thogail don chladh. Agus bha aige ri soidhne a chur an-àirde, ag innse do dhaoine – ann an Gàidhlig – gun robh còraichean laghail aca dhol don chladh air an rathad ùr. An-diugh, mu cheud slat gu siar air an t-sabhal (a thathar a' leasachadh an-dràsta), tha

sanas a' sealltainn na slighe ùir don chladh. Agus tha e ann an Gàidhlig. Tha e ag ràdh, 'An Rathad Daingnichte le Lagh gu Cladh Bhrìghde'.

Chaidh mapa ùr sia-òirlich a tharraing ri chèile ann an ochd ceud deug, naochad 's a naoi (1899). Tha sin a' sealltainn na dà chuid – an sabhal agus an rathad ùr.

'S e freagairt na ceiste a chuir mi aig toiseach na Litreach – Baile Ùr an t-Slèibh. Ged nach eil a' Ghàidhlig làidir anns a' choimhearsnachd mar a bha aig deireadh an naoidheamh linn deug, tha aonad Gàidhlig anns an sgoil agus tha **corra dhuine** aig a bheil an cànan fhathast.

* * * * *

Faclan na Litreach: còraichean laghail: *legal rights*; Uisge Spè: *The River Spey*; Baile Ùr an t-Slèibh: *Newtonmore*; Noid: *Nuide*; Ràth Liath: *Ralia*; Cladh Bhrìghde: *Bride's cemetery*; dh'atharraich: *changed*; Cùirt an t-Seisein: *The Court of Session*.

Abairtean na Litreach: Càite air a' Ghàidhealtachd am faicear soidhne?: *where in the Highlands can a sign be seen?*; ann an Gàidhlig a-mhàin: *only in Gaelic*; a tha a' dearbhadh chòraichean nan Gàidheal rathad a chleachdadh: *that confirms the rights of the Gaels to use a road*; slighe a ghabhadh na daoine: *a route that the people would take*; eadar am baile aca agus an cladh: *between their village and the cemetery*; cho dìreach ri saighead: *as straight as an arrow*; bhiodh iad an uair sin air an giùlan: *they would then be carried*; am fìor sheann chladh ann am Beannchar: *the ancient cemetery in Banchor*; bha X air a thogail gu sear air a' chladh tràth anns an naoidheamh linn deug: *X was built east of the cemetery early in the 19th century*; gun duilgheadas fad nan ceudan: *without difficulty over the centuries*; a' chiad mhapa sia-òirlich aig an t-Suirbhìdh Òrdanais: *the first Ordnance Survey 6-inch (to the mile) map*; thog an t-uachdaran agus an tuathanach sabhal: *the landlord and farmer built a steading*; dìreach far an robh an rathad, goirid don chladh: *precisely where the road was, close to the cemetery*; fhuair iad taic bho neach-lagh ainmeil a bhuineadh do Bhàideanach: *they were assisted by a well-known lawyer who belonged to Badenoch*; bha aige ri soidhne a chur an-àirde: *he had to erect a sign*; mu cheud slat gu siar air an t-sabhal (a thathar a' leasachadh): *about a hundred yards west of the steading (which is being developed)*; Daingnichte le Lagh: *confirmed by law*; chaidh mapa ùr a tharraing ri chèile: *a new map was drawn up*.

Puing-chànain na Litreach: tha **corra dhuine** – sean is òg – aig a bheil an cànan fhathast: *there are still some people – old and young – who have the language*. Am *Faclair Beag* (www.faclair.com), which is an excellent online dictionary, gives the following for corra: '1. occasional, odd 2. a few (followed by a lenited noun in the singular)'. Here are some other examples corra fhacal 'a few words'; corra bhò 'a few cows'; corra latha 'a few days'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Mus toir mi am fuasgladh dhuibh: *before I give you the solution*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA